

# ORAN EILE

DON UASAL CHEUDNA.

1  
So Deoch slainnte a Choirneil,  
Lionn sa chorn duinn mun cuairt di,  
'S ga h-aidhirreach ceolmhor,  
Theid a h-ol asne cuachaibh,  
'Nuair a dh'fhag e an duthaich,  
'S ioma suil bha fu ghruaim deth,  
Gum bu slan thig e dhachaidh,  
Lub ghasda a chruadail.

2  
Se mo run an t-og gasda,  
Ceannard feachd thu nach geillidh,  
O'n a dh' fhalbh thu air asdar,  
Tha 'm aigne fu eislein;  
Leomhainn cholgarras gairtail  
Racha brais an uchd streipeadh,  
'S ann air thoiseach na harmailt,  
Bhiodh tu dearbha do bheumar.

3  
'S nan eighteadh leat bratach,  
Ann an carraig nan comhraig  
Slion mhor spealp as an tir so,  
Racha dileas gu 'd chomhna;  
Sa sheasa ri d' ghualainn,  
Nam buala na 'n stroichdean,  
'S bu tu tagha chommaindear,  
Chuir nan rang aan an ordugh.

Tha 'm inntinn fu ghruamain,  
Mun og uasal a dh' fhag sinn,  
Gus am pill e thar chuanntan,  
Le buaidh is le faillte;

Laoch fearail lan cruadail,  
Choisinn buaidh ann 's na bleraibh,  
'S nach tionnda a shlinnean,  
Le giorraig roimh namhaid.

4

'S mor a bhearn thu san duthaich,  
Dheagh fhiurain deas aillte,  
Leasgaich uasail gun tioma,  
Ceanna cinne nam braideach;  
Bu tu seise na tuatha,  
O'n a ghluais iad a d'fhabhar,  
Bhiodh do lamh ann ad phocaid,  
Cuir an oir ann nan dearnaibh.

5

Tha beannachd na duthcha,  
Gad stiureadh gu calla,  
Na gabhsa bonn curaim,  
Cha 'n eil dium riut air thalamh;  
Cha dean luaith na fudar,  
Bonn drugh ort ri d' mharrean,  
'S cha dean claimhe ach lub ort,  
Gus an crunair aig bail thu.

6

Gum bu slan 's gum bu fallain,  
Thig thu tharais an iar oirn,  
Leasgaich og a chul channaich,  
Fear a mhealla nan nionag,  
O'n a choisinn do chruadal,  
Dhuit gach buaidh bha ran iarruidh,  
Thu thighinn dachaidh don duthaich,  
Se mo dhurachd is m'iarrtas.